

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

12/9/24, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Calum MacLeod (sa Chathair)	Calum Steele
	Ingrid NicEanraig	Lachlan Peel

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)
Iain MacGilliosa [IG] (Manaidsear IT) – puing 7
Uisdean MacLeod [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd) – puingean 7 agus 8b/c
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh fàilte a chur air Lachlan Peel chun chiad choinneamh mar bhall ùr.

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (28/5/24)

3.1 Molaichte le Calum Steele agus daingnichte le Ingrid NicEanraig.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Pasgan Cunntasachd Q1 2024-25

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd an t-seusan seo air beulaibh nam ball.

Chaidh ainmeachadh gun tèid eacarsaich ath-shealladh a chumail aig deireadh an t-Sultain 2024.

Chaidh dearbhadh nach robh trioblaidean sam bith ann le fàirdealan fadalach.

Co-dhùnadh: bha na buill riaraichte.

6. OKR/KPI Dashboard Q1 2024/25

- 6.1 Bha pàipear agus KPlan/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mun phàipear.
- 6.2 Chaidh innse gu bheileas a' leasachadh mar a thathas a' taisbeanadh dèanadas na buidhne, gus sgeulachd na ràithe innse gu soilleir agus gu h-èifeachdach.
- 6.3 Bidh na h-Amasan agus Prìomh Thoraidhean (OKRs) fo dheasbad aig seisean ro-innleachd nam ball air 25/9/24.
- 6.4 A thaobh dèanadas, bha comharran math ann a thaobh an luchd-amhairc òga air telebhisean, ged a bha seallaidhean susbaint nam meadhanan sòisealta aig BBC ALBA air a dhol sios. Bha prògraman làidir air cùlaibh an adhartas air TBh/iPlayer.
- 6.5 Chaidh bruidhinn mu phàtrain coimhid a rèir ràithe, agus bha beachd ann gum biodh e feumail fiosrachadh a cho-roinn no rannsachadh a chumail air na tha luchd-amhairc a' sireadh anns na diofar ràithean, mar eisimpleir, as t-Samhradh. Chaidh aithneachadh gu robh seallaidhean air an iPlayer san luchair agus san Lùnastal aig an ìre às àirde a-riamh.
- 6.6 Chaidh deasbad a chumail mun isleachadh a thaobh SpeakGaelic air TBh/iPlayer aig ìre tòiseachaidh (beginner level). Chaidh aithneachadh gu robh fòcas dha chuir air na prògraman ùra, agus ri linn 's gu robh iad sin a-nis aig ìre adhartach cha bhiodh na h-uimhir de luchd-amais ann air an son. Ri linn 's gu bheil obair cruthachaidh SpeakGaelic a' tighinn gu ceann, cuiridh an sgioba an aon chuideam air gach ìre de SpeakGaelic gach turas a thathas a' craoladh agus bu chòir gun toireadh seo piseach air àireamh an luchd-coimhid airson nan tràth ìrean.
- 6.7 Chaidh aithneachadh gu robh OKR againn a bha ag amas air brannd SpeakGaelic àrdachadh.
- 6.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte. Thèid beachdachadh air am biodh cothrom rannsachadh a dhèanamh tro bhuidhnean fòcais aig a' phannal rannsachaiddh TRP.

7. Frèam-obrach Dearbhaidh

Dashboard/ aithisg adhartais

- 7.1 Bha *dashboard* agus aithisg adhartais air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 7.2 Chaidh meal-a-naidheachd a thoirt seachad airson a bhith a' glèidheadh Creideas nar Cosnaichean Òga Òir.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

Plana In-sgrùudadh

- 7.4 Tha an cuireadh gu tagradh air a dhol a-mach.
- 7.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

Aithisg shònraichte air Dìon-saidhbear

- 7.6 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn IG mun phàipear.
- 7.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte, le aithne gu bheil obair mhath ga dhèanamh gus am buidheann a dhòn.
- 7.8 **Gníomh:** thèid cuimhneachan a-mach gu buill air ciamar a tha iad a' leigeil fios mu p-d fiasgach (phising). ([IG](#))

Aithisg shònraichte air Plana Leantainneach Gnothaich

- 7.9 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.
- 7.10 Thèid sgrùudadh bhon taobh a-muigh air a' phlana fhèin ro dheireadh na bliadhna.
- 7.11 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte
- 7.12 **Gníomh:** thig toraidhean an sgrùdaidh no adhartas leis chun na h-ath Chomataidh. ([UML](#))

Clàr Riosgan

- 7.13 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mun phàipear.
- 7.14 Chaidh deasbad farsaing a chumail air na prìomh trì Riosgan. An lùib a' chòmhraidh chaidh innse mu chonaltradh le na Riaghaltasan agus na diofar ghniomhan eile a bhathas a' coileanadh airson lùghdachadh a dhèanamh air na Riosgan.
- 7.15 Bha aithne ann gu robh mì-chinnt ann mu dè cho feumail 's a bhiodh an obair aig Ofcom air measadh PSM (Seirbheisean Mheadhanan Poblach) airson ùrlar a chruthachadh airson ceadachadh do na meadhanan Gàidhlig argamaid a dhèanamh airson seasamh agus ionmhas a bharrachd.
- 7.16 Chaidh bruidhinn cuideachd mun dòigh anns a bheileas a' cleachdad Clàr Riosgan, agus bha buill den bheachd gu robh e èifeachdach.
- 7.17 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte gu robh na trì riosgan as àirde air an comharrachadh agus gu robh gnìomhan iomchaidh mun coinneimh.

8. Poileasaidhean

A' bruidhinn às leth a' Bhùird

- 8.1 Chaidh còmhchradh a chumail agus ceistean a fhreagairt mun stiùireadh ùr a bharrachd a bhathas a' moladh, a bha stèidhichte air comhairle Ofcom do na buill aca fhèin.
- 8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.3 **Gníomh:** thèid an t-atharrachadh chun Bhùird airson comharrachadh. **(MAMI)**

Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd

- 8.4 Bha poileasaidh air beulaibh bhall airson a chomharrachadh.
- 8.5 Bha ceist aig ball carson a bhathas ag ràdh gum biodh modh smachdachaidh sa phoileasaidh mura biodh gèilleadh ri gnothaichean Slàinte agus Sàbhailteachd. Thèid soilleireachadh fhaighinn bhon Mhanaidsear Oifis a tha os cionn Slàinte & Sàbhailteachd carson a bha an iomradh seo ann.
- 8.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte a thuilleadh air fiosrachadh fhaighinn mar aig 8.6.
- 8.7 **Gníomh:** thèid am poileasaidh fhoillseachadh, nuair a thèid a' phuing gu h-àrd a làimhseachadh. **(MAMI)**

Poileasaidh Àrainneachd & Aithisg Gèillidh Àrainneachd

- 8.8 Bha poileasaidh agus aithisg air beulaibh bhall airson a chomharrachadh.
- 8.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.10 **Gníomh:** thèid am poileasaidh fhoillseachadh **(MAMI)**.

Poileasaidh Anabarrachd

- 8.11 Bha poileasaidh air beulaibh bhall airson a chomharrachadh.
- 8.12 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 8.13 **Gníomh:** thèid am poileasaidh fhoillseachadh **(MAMI)**.

Poileasaidh Fastaidh lar-eucoirich

- 8.14 Bha poileasaidh ùr air beulaibh bhall airson a chomharrachadh.
- 8.15 Chaidh a dhaingneachadh gum bithear a' dèanamh *Disclosures* ma tha sinn a' dèanamh obair le daoine òga no so-leònte.
- 8.16 Thèid barrachd a dhèanamh fo thaobh fastaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil prionnsabalan obair faidhir (fair work principles) aig a' bhuidhnean gus cothroman a thoirt do dhaoine aig a bheil dhuilgheadhas obraichean agus cothroman fhaighinn, le bhith a' coimhead ri leithid sgeamaichean greisean gníomhachais a thabhann.
- 8.17 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

- 8.18 **Gníomh**: thèid am poileasaidh fhoillseachadh (**MAMI**).

Poileasaidh Sponsaireachd

- 8.19 Bha poileasaidh air beulaibh bhall airson a chomharrachadh.

- 8.20 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

- 8.21 **Gníomh**: thèid am poileasaidh fhoillseachadh (**MAMI**).

Poileasaidh Gàidhlig

- 8.22 Bha poileasaidh air beulaibh bhall airson a chomharrachadh.

- 8.23 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

- 8.24 **Gníomh**: thèid am poileasaidh a dheasbad le sgioba a tha a' coimhead ri Gàidhlig san àite obrach a leasachadh. (**MAMI**).

9. Peinnsein

- 9.1 Bhruidhinn SMD mun phàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh às ùr air sgeama peinnsein luchd-obrach agus ath-sgrùdadh leantainneach.

- 9.2 Chaidh sgeama peinnsein a th' aig MG ALBA an-dràsta ath-sgrùdadh le comhairliche ionmhais neo-eisimeileach. Tha na molaidhean a thàinig às a sin air a dhol tro phròiseas riaghlaidh gu ìre ach tha feum air tuilleadh dìcheall iomchaidh (due diligence) agus co-chomhairleachadh luchd-obrach mus tèid moladh deireannach a dhèanamh.

- 9.3 **Co-dhùnadh**: 1) thèid co-chomhairle a chumail le luchd-obrach air a' bheachd a thaobh sgeama *salary sacrifice* airson tabhartasan peinnsein. Ma thathar a' tabhann sin, gheibh luchd-obrach cothrom coinneachadh ri comhairliche ionmhais neo-eisimeileach mus dèan iad co-dhùnadh; 2) thèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air an luach a bharrachd (ma tha sin ann) bho bhith a' gluasad an sgeama gu solaraiche eile.

- 9.4 **Gníomh**: thig fios às ùr chun na h-ath choinneamh den Chomataidh. (**SMD**)

10. GISBE

- 10.1 Cha robh gin.

14. Deit na h-ath choinneimh – 7/11/24

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: